

Poileasaidh Cànain

Tha TRACS (Ealain is Cultar Traidiseanta Alba) a' toirt spèis do na cànain a tha beò ann an Alba – a' Ghàidhlig, Beurla, Albais agus na mion-chànain eile.

Tha a' Ghàidhlig agus Albais cudromach ann an cultar na h-Alba (agus ann an Alba tha uallach sònraichte oirnn airson seo a shealltainn) agus tha TRACS ag aithneachadh an inbhe mar chànain nàiseanta, clasaigeach agus mar chainntean làitheil na dùthcha. Tha Albais agus Gàidhlig air an cleachdadh ann an sgrìobhadh, beul-aithris agus ann an suidheachaidhean sòisealta, agus tha iad seo uile air leth cudromach.¹ Tha seo ga shealltainn ann an litreachas, beul-aithris, cruinn-eòlas, an àrainneachd, eachdraidh, dualchas agus coimhearsnachdan soirbheachail. 'S fhiach a ràdh cuideachd, nuair a bhios daoine a' cleachdadh Gàidhlig agus Albais ann an suidheachaidhean sòisealta, gum faod daoine òg agus sean a bhith a' bruidhinn ri chèile ann an dòigh a tha gu math sònraichte luachmhor.

A bharrachd air sin, tha TRACS ag aithneachadh anns a' phoileasaidh seo agus na toraidhean a thig a-mach às, an luach a th' aig cànain, agus na sochairean a tha ri fhaotainn le dà-chànanas agus le bhith ag ionnsachadh cànain eile airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air an t-saoghal. Tha a h-uile cànain san t-saoghal diofraichte, agus faodar diofar sheallaidhean a bhrosnachadh tro dhiofar chànain. Tha cànain glè chudromach airson inntrigeadh a thabhann agus misneachd a thogail ann an daoine, gu h-àraid ann an foghlam cruthachail agus cultarach, anns a bheil TRACS an sàs. Tha seo a' buntainn gu dlùth ri cunnraidhean iomchaidh UNESCO, leithid *Seoul Agenda for Arts Education*, a bharrachd air cunnraidhean eile a' dèiligeadh le iomadachd cultarach.²

'S e a' chiad amas aig TRACS anns a' phoileasaidh seo a bhith ag aithneachadh an t-uallach sònraichte air Alba agus air TRACS ann a bhith a' comharrachadh agus a' brosnachadh beartas, iomadachd agus comas cruthachail nan cànain Gàidhlig agus Albais. Tha seo gu h-àraid cudromach o chionn 's gu bheil àite cho sònraichte aig Gàidhlig agus Albais anns na h-ealanan traidiseanta ann an Alba, le tòrr cheangalaichean cruthachail eadar an dà chànan, agus eadar Beurla cuideachd.

Ged a tha Albais agus Gàidhlig glè làidir anns na prionsabalan agus fòcasan aig TRACS, leis gu bheil iad nan cànain traidiseanta Albannach, tha cuideam ga thoirt cuideachd dhan a h-uile mion-chànan ann an Alba, gu h-àraid a thaobh glèidheadh

¹ Tha an dà chànan air an dìon anns a' Chàirt Eòrpach airson Cànain Roinneil no Mion-Chànan. Tha inbhe oifigeil aig Gàidhlig mar "chànan nàiseanta" na h-Alba ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Chaidh Poileasaidh Albais Riaghaltais na h-Alba fhoillseachadh ann an 2011.

² 'S e fear dhe na h-amasan ann an Clàr-gnothaich Sheoul 'Support and enhance the role of arts education in the promotion of social responsibility, social cohesion, cultural diversity and intercultural dialogue.'

TRACS (Traditional Arts and Culture Scotland)

Registered Office: Scottish Storytelling Centre, 43-45 High Street, Edinburgh, EH1 1SR
Scottish Charity No. SC043009 VAT Registration No. 269 2679 51



ALBA | CHRUTHACHAIL



Dualchas Neo-bheantainneach agus leis cho fallain 's a tha na h-ealainean gu lèir ann an Alba. A bharrachd air sin, tha TRACS ag aithneachadh agus a' cur luach air Caint-shanais Bhreatainn ann an Alba, a tha cuideachd airidh air prìomhachas ann an co-theacsa iomadachd cànanan na h-Alba.

Mar sin, tha TRACS ag aithneachadh cho cudromach 's a tha iomadachd agus iomlaid chultarach, gu h-àraid sna cunnraidhean a leanas:

The Universal Declaration makes it clear that each individual must acknowledge not only otherness in all its forms but also the plurality of his or her own identity, within societies that are themselves plural. Only in this way can cultural diversity be preserved as an adaptive process and as a capacity for expression, creation and innovation.

Anns a' phoileasaidh, tha TRACS ag amas air trì cuspairean gu h-àraid:

1. Am prògram tachartasan le fòcas air na h-ealainean tradaiseanta, a' gabhail a-staigh an dà fhèis (Fèis Sgeulachdan Eadar-Nàiseanta na h-Alba agus TradFest) agus cuideachd na tachartasan làitheil aig Ionad Sgeulachdan na h-Alba.
2. Foghlam:
 - a. Tro na cùrsaichean agus bùithtean-obrach aig Ionad Sgeulachdan na h-Alba agus ann an àiteachan eile.
 - b. Pròiseactan for-ruigheachd (m.e. a' tadhal air sgoiltean) agus stòrasan air-loidhne.

Gu pragtaigeach, bidh sinn a' coimhead air:

- Stòrasan air-loidhne a tha saor an asgaidh, a' gabhail a-staigh teicneolas digiteach ùr a bhios freagarrach airson cànanan ionnsachadh, agus a tha ruigsinneach.
- Tachartasan a tha a' togail a-steach Albais agus Gàidhlig.
- Coimiseanadh obair chruthachail ann an Albais agus Gàidhlig.
- Inntreigeadh do phrìomh-stuth ann an Albais agus Gàidhlig.
- Taic dhà-chànanach iomchaidh, airson cuideachadh le ionnsachadh agus barrachd eòlas fhaighinn.
- Plana soilleir aig TRACS airson cleachdadh Albais agus Gàidhlig ann an follaiseachd agus margaidheachd, le fòcas air àbhaisteachadh an dà chànan.

Tha TRACS stèidhichte aig, agus ag obair gu dlùth còmhla ri, Ionad Sgeulachdan na h-Alba ann an Dùn Èideann. Tha sinn le chèile a' cur ris an inbhe a th' aig Dùn Èideann mar Baile nam Fèis. Tha seo a' cruthachadh àrd-ùrlar agus dòigh airson beachdan agus smuaintean a sgaoileadh, ann an iomadh cànan. San dòigh seo, tha e glè chudromach cuideach an ceangal mòr a tharraing eadar iomadachd cànanach agus iomadachd chultarach, fòcas mòr eile a th' aig TRACS.

Bidh fòcas aig Fèis Sgeulachdan Eadar-Nàiseanta na h-Alba air sgìre dhiofraichte san t-saoghal a h-uile bliadhna, agus bidh i a' toirt sgeulaichean bhon àiteachan sin do Dhùn Èideann airson pàirt a ghabhail ann an co-roinneadh chultarach. Faodaidh seiseanan fosgailte a bhith ann, air neo tachartasan sgeulachdas dà-chànanach, a

bhios a' sealltainn cultar na h-Alba agus a cànan ri taobh tradaiseanan eile eadar-nàiseanta.

'S e TradFest an fhèis mhòr eile a bhios TRACS agus Ionad Sgeulachdan na h-Alba a' cur air dòigh, a' ruith ann an àiteachan air feadh Dùn Èideann aig deireadh A' Ghiblein, thairis air làithean-féille na Bealltainne. Bidh fòcas làidir a-nis air iomadachd cultarach aig TradFest, leis gu bheilear ag obair còmhla ri BEMIS, gus na ceangalaichean a neartachadh agus a dhèanamh nas fheàrr le mion-shluaghan, agus marsin a' brosnachadh comharrachadh nas fharsaing de iomadachd cànanach agus cultarach ann am prògram na fèis.

Còmhla ris na polasaidhean agus gnìomhan seo, tha TRACS cuideachd air plana a chruthachadh air Cothromachd, Iomadachd, agus In-ghabhail airson 2016-2018, le stiùireadh bho Alba Chruthachail, a tha a' feuchainn ri TRACS, agus na h-ealain tradaiseanta gu lèir, a chuideachadh gus suim a bharrachd a ghabhail ann an ion-ghabhalach agus co-ionannachd. Seo às-earrann bhon phlana, a tha a' sealltainn an t-àite a tha aig iomadachd san obair aig TRACS le cànan cuideachd:

TRACS aims for inclusive and mainstream programming to creatively harness and embrace minority or marginalised experiences as a collective asset. Such experiences play an important part in the origin and evolution of traditional and folk culture and as a rich part of contemporary resource. The traditional or folk arts are the source of a worldwide sense of human creativity and value, while strengthening cultural diversity and local sustainability. TRACS sees this as a vital part of Scotland's own cultural ecology, a significant part of what communities can offer to each other and to the wider world.

An Cèitean 2018